

Teisteanasan na h-Alba

SQA

Teisteanasan Albannach dha na h-uile

'S e Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba (SQA) buidheann nàiseanta na h-Alba airson theisteanasan. Tha uallach oirnn airson leasachadh, ùghdarrasachadh, measadh is dearbhadh teisteanasan Albannach air fad ach a-mhàin ceuman oilthighe agus cuid de na teisteanasan a th' aig buidhnean proifeiseanta.

Tha SQA a' tabhann theisteanasan dha na h-uile – oileanaich ann an sgoiltean is colaistean; foghlamaich is preantasan; daoine aig a bheil teisteanas mu thràth is daoine aig nach eil; feadhainn a tha ann an cosnadh is feadhainn nach eil. Tha na teisteanasan againn a' còmhdach raon mòr de sgilean is de dh'eòlas, eadar Cànanan, Matamataigs, Eachdraidh is Saidheans, gu Cunntasachd, Àiteachas, Saothrachadh is Coimpiutaireachd. Tha sinn cuideachd a' toirt theisteanasan do luchd-ionnsachaidh aig nach eil Beurla mar chiad chànan.

Air a' chiad sealladh, dh'fhaodadh gu bheil siostam teisteanais na h-Alba a' coimhead co-thoinnte ach tha e gu dearbh gu math sìmplidh is furasta a thuigsinn. 'S e ar n-amas bunaitich a bhith a' tabhann "àradh ionnsachaidh" (no 's dòcha gur e frèam dìridh a bhiodh ceart, seach gum faigh thu a dhol gu còmhnard a cheart cho math ri suas is sìos) a tha a' tabhann chothroman dha na h-uile an làn, is am fìor chomasachd, a choileanadh.

Tha teisteanasan ann aig gach ìre coileanaidh. Cha mhòr nach eil a h-uile tagraiche sgoile a' faighinn teisteanasan SQA sa cheathramh bliadhna den àrd sgoil, agus tha a' mhòr chuid a' faighinn tuilleadh theisteanasan sa chòigeamh no san t-siathamh bliadhna no ann an colaistean foghlaim adhartach. Tha barrachd is barrachd de dhaoine gam faighinn san àit'-obrach, far a bheil sinn a' tabhann theisteanasan bho ìrean òigridh gu na h-ìrean proifeiseanta.

Frèam Coileanaidh

Airson tuigse fhaighinn air rangachd theisteanasan SQA, 's fhiach beagan eòlais fhaighinn air Frèam Ìre Chreideis is Theisteanasan na h-Alba (SCQF), agus mar a tha e ag obrachadh.

Tha sinn air SCQF a leasachadh is a thoirt a-steach còmhla ri cuid de ar com-pàirtichean, a' gabhail a-steach Oilthighean na h-Alba. 'S e dòigh sìmplidh a th' ann air tuigse fhaighinn air teisteanasan na h-Alba agus mar a ghabhas iad an coimeas ri chèile. Le bhith ga dhèanamh nas fhasa raon theisteanasan na h-Alba a thuigsinn, tha SCQF a' dèanamh an adhartais is a' ghluasaid eadar teisteanasan nas fhasa.

Tha SCQF a' toirt ìre do theisteanasan, a' comharrachadh dè cho doirbh 's a tha an t-ionnsachadh anns gach teisteanas. Tha 12 ìre ann an SCQF, ìre 1 an tè as lugha duilgheadais agus ìre 12 a tè as doirbhe.

Tha cuideachd puingean creideis aig gach teisteanas. Tha àireamh nam puingean creideis a' sealltainn dè na dh'fheumar ionnsachadh airson an teisteanas fhaighinn. Tha aon phuing creideis SCQF co-ionann ri mu 10 uairean a thìde de dh'ionnsachadh (a' gabhail a-steach measadh), is mar sin bidh tagraiche a fhuair teisteanas le 24 puingean molta SCQF air mu 240 uair a thìde de dh'ionnsachadh a dhèanamh.

Tha na teisteanasan gu lèir againn ann an SCQF. Tha ìrean is puingean creideis gam foillseachadh air na teisteanasan a bhios sinn a' cur a-mach gu tagraichean. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn mar a tha teisteanasan SQA agus teisteanasan oilthighean a' laighe ann an SCQF.

Teisteanasan SQA ann am Frèam Puingean Creideis is Teisteanasan na h-Alba.

Ìrean SCQF						Ìrean SCQF	
12				Ollamhachd*		12	
11				Ceum Maighstireil	Duaisean Leasachaidh Proifeiseanta	SVQ 5	
10				Ceum le Urram*		10	
9				Ceum Coitcheann*		9	
8				Àrd Dhiplòma Nàiseanta		SVQ 4	
7	Àrd Ìre Adhartach			Àrd Theisteanas Nàiseanta		SVQ 3	
6	Àrd Ìre	Duaisean Leantainne achd Nàiseanta	Teisteanas Nàiseanta			6	
5	Meadhan Ìre 2/ Sàr Ìre Choitcheann					SVQ 2	5
4	Meadhan Ìre 1/ Meadhan Ìre Choitcheann					SVQ 1	4
3	Inntrigeadh 3/ Bun Ìre Choitcheann						3
2	Inntrigeadh 2						2
1	Inntrigeadh 1					1	

* Slat-tomhais Theisteanasan Ionadan Àrd Fhoghlaim

Teisteanasan a fhreagras

Tha sinn an urra ri trì prìomh sheòrsaichean de theisteanasan:

- **Aonadan**
- **Cùrsaichean**
- **Duaisean Buidhne**

Tha teisteanasan gan leasachadh is gan cumail a' dol ann an com-pàirteachas le foghlam, gnìomhachas agus riaghaltas gus dèanamh cinnteach gu bheil iad gu lèir buntainneach is freagarrach dhan adhbhar.

Bidh daoine a' faighinn nan teisteanasan againn aig gach ìre dem beatha – san sgoil, sa cholaiste, aig an obair agus nan saor-ùine.

Tha stuthan is seirbheisean ùra a' dèanamh cinnteach gu bheil na teisteanasan againn a' fuireach buntainneach.

Tha measadh air-loidhne (no 'measadh-d') a' fàs airson teisteanasan sgoile is colaiste. Bidh sinn a' libhrigeadh thoraidhean air-loidhne, agus a' tabhann cothrom air bathar-bog caidreamhach airson obair-phròiseict bhuidhnean.

Tha sinn a' tabhann raon fàsail de Leasachadh Leantainneach Proifeiseanta dhan fheadhainn a tha a' libhrigeadh ar teisteanasan.

Tha SQA air fhaicinn gu nàiseanta mar bhuidheann-toisich ann a bhith a' comharrachadh is a' dèiligeadh ri dùbhlain cruinnealais ann am foghlam is ann an trèanadh.

Aonadan

Tha a' mhòr-chuid de dh'aonadan air an dealbh airson 40 uair a thìde de theagasg agus thathas a' sùileachadh gun dèan tagraichean tuilleadh obrach air an ceann fhèin. Tha thu a' coileanadh Aonad le bhith a' faighinn tro mheasadh – obair-cùrsa, deuchainnean, no obair phractaigeach a chomharraicheas an tidsear, an òraidiche no an neach-trèanaidh. Tha SQA a' sgrùdadh Mheasaidhean.

Aonadan Nàiseanta

Faodar aonadan nàiseanta a ghabhail san sgoil, ann an colaistean agus ann an ionadan trèanaidh eile. Tha còrr air 3,500 Aonad ann, ann an raon farsaing de chuspairean leithid Saidheans, Innleadaireachd, Àiteachas is Cùram.

Gabhaidh Aonadan Nàiseanta an togail gu Cùrsaichean Nàiseanta, Duaisean Leantainneachd Nàiseanta (NPA) agus Teisteanasan Nàiseanta (NC). Tha Aonadan Nàiseanta aig na caochladh ìrean SCQF air an ainmeachadh mar a leanas:

- ìre 1 Inntigeadh 1
- ìre 2 Inntigeadh 2
- ìre 3 Inntigeadh 3
- ìre 4 Meadhan Ìre 1
- ìre 5 Meadhan Ìre 2
- ìre 6 Àrd Ìre
- ìre 7 Àrd Ìre Adhartach

Aig ìrean 1 gu 6, tha luach sia puingeann creideis SCQF anns gach Aonad. Aig ìre 7, tha luach ochd puingeann anns na h-Aonadan.

Àrd Aonadan Nàiseanta

Mar as trice gan gabhail ann an colaistean, 's e Àrd Aonadan Nàiseanta blocaichean-togail Àrd Theisteanasan Nàiseanta (HNC) agus Àrd Dhioplòma Nàiseanta (HND) ged a tha iad cuideachd a' seasamh leotha fhèin mar theisteanasan.

Tha Àrd Aonadan Nàiseanta a' còmhdach nan sgilean is an eòlais air a bheil daoine a' cur feum ann an obraichean aig meadhan ìrean stiùiridh is ìrean teicnigeach. Tha iad cuideachd tric gan cleachdadh airson adhartachadh gu cùrsaichean ann an àrd fhoghlam.

Tha na h-Aonadan a' faighinn 'Dearbhadh' oifigeil bho SQA. Tha colaistean gu dlùth an sàs ann an leasachadh nan Aonadan, agus feumaidh na h-Aonadan a bhith a rèir slatan-tomhais càileachd theann, chlà-bhuailte.

Tha 8 puingeann creideis SCQF aig Aonadan HN agus faodaidh iad suidhe aig caochladh ìrean SCQF, gu h-àbhaisteach eadar ìre 6 is 9.

Aonadan SVQ

Tha Aonadan SVQ stèidhichte air inbhean comais nàiseanta, a th' air an ainmeachadh ceart mar Inbhean Dreuchdail Nàiseanta. Tha iad sin air an deilbh le Comhairlean Sgìlean Roinneil riaghaltais anns a bheil buidhnean malairt, fastaichean is eòlaichean. Tha Comhairlean Sgìlean Roinneil ann airson a' mhòr-chuid de ghnìomhachasan.

Tha gach Aonad SVQ a' mìneachadh aon taobh de dh'obair, agus a' comharrachadh na tha comasachd san dreuchd obrach sin a' ciallachadh. Airson Aonad a choileanadh, feumaidh tagraichean fianais fhoillseachadh a' sealltainn gu bheil iad comasach.

Gabhaidh Aonadan SVQ an togail gu Teisteanasan Dreuchdail na h-Alba (SVQ). 'S e pàirtean bunaiteach de Nua-Phreantasachd a th' ann an SVQ aig Inbhe 3.

Tha puingeann creideis SCQF agus inbhe Aonad SVQ an urra ri feumalachdan a' ghnìomhachais.

Cùrsaichean

Ìrean Coitcheann

Thathas, sa chumantas, a' suidhe Ìrean Coitcheann thar dà bhliadhna de dh'ionnsachadh san treas agus sa cheathramh bliadhna anns an àrd-sgoil. Tha na Cùrsaichean ann an diofar phàirtean, ris an canar Eileamaidean, le deuchainn aig an deireadh mar as trice.

Tha Cùrsaichean Coitcheann aig ìrean 3, 4 is 5 SCQF ainmichte mar:

ìre 3 Bun-ìre

ìre 4 Meadhan-ìre

ìre 5 Sàr-ìre

Stiùiridh an toradh a gheibh òigear sna Cùrsaichean Coitcheann aige a roghainn ionnsachaidh san àm ri teachd, mar as trice. Sa chumantas, bidh tagraichean a' dol air adhart bho Cùrsaichean Coitcheann gu Cùrsaichean Nàiseanta.

Cùrsaichean Nàiseanta

Tha Cùrsaichean Nàiseanta, ach a-mhàin Inntrigeadh 2 is 3, air an dèanamh à trì Aonadan agus às-mheasadh – deuchainn, mar as trice.

Tha Cùrsaichean Nàiseanta rim faighinn aig na h-ìrean a leanas:

ìre 2 Inntrigeadh 2

ìre 3 Inntrigeadh 3

ìre 4 Meadhan Ìre 1

ìre 5 Meadhan Ìre 2

ìre 6 Àrd Ìre

ìre 7 Àrd Ìre Adhartach

'S e adhbhar a' mheasaidh seo gun seall tagraichean gu bheil iad air susbaint a' Chùrsa a choileanadh agus gun urrainn dhaibh a chleachdadh ann an suidheachaidhean ùra. Tha sgrùdaichean proifeiseanta, suidhichte le SQA, a' comharrachadh is a' measadh dheuchainnean. Feumaidh tagraichean air cùrsaichean Inntrigidh 2 is 3 na trì Aonadan fhaighinn airson an Cùrsa a choileanadh, gun às-dheuchainn sam bith.

Tha bannan bho A gu D gam buannachadh a rèir mar a nì an tagraiche san às-mheasadh, agus feumar na h-Aonadan gu lèir a choileanadh cuideachd. Tha siostam tagraidh cunbhalach ann dhan fheadhainn nach do choilean cho math 's a bhathas an dùil.

Tha a' mhòr-chuid de dhaoine òga a gheibh teisteanas airson colaiste no oilthigh a' faighinn sin tro Cùrsaichean Àrd Ìre is Àrd Ìre Adhartach.

Sgilean airson Dreuchdan

'S e Cùrsaichean Nàiseanta, a tha a' brosnachadh oileanaich sgoile gus eòlas fhaighinn air saoghal na h-obrach, a th' ann an Cùrsaichean airson Dreuchdan. Tha iad a' leasachadh eòlas is sgilean a tha cudromach a thaobh cosnaidh is beatha.

Tha Cùrsaichean Sgilean airson Dreuchdan a' tabhann eòlas practaigeach, co-cheangailte ri dreuchdan sònraichte. Cuiridh daoine òga a tha a' gabhail nan Cùrsaichean ùra Sgilean airson Dreuchdan sin pàirt den tìde seachad ann an colaiste ionadail, no ann an solarachd tràanaidh eile. Bidh seo a' ciallachadh ionnsachadh ann an àrainneachd eadar-dhealaichte, a' tighinn còmhla ri daoine ùra agus a' coinneachadh ri dùbhlain ùra.

Tha Cùrsaichean Sgilean airson Dreuchdan a' toirt deagh chothroman do dhaoine òga airson am fèin-mhisneachd a leasachadh. Tha iad cuideachd ag amas air eòlas ionnsachaidh gu math dòchasach a thabhann. Do mhòran dhaoine òga, bheir tràth chothrom air leasachadh a dhèanamh air sgilean practaigeach co-cheangailte ri obraichean, fìor shochairan seachad.

Tha Cùrsaichean Sgilean airson Dreuchdan air a meas leis an tidsear no an òraidiche, agus chan eil deuchainn deireannach ann. Tha SQA a' sgrùdadh mheasaidhean.

Duaisean Buidhne

'S e teisteanasan dreuchdail a th' ann an Duaisean Barrantais Nàiseanta Buidhne, anns a bheil Aonadan Nàiseanta a tha deilbhte airson daoine ullachadh airson cosnadh, airson leasachadh dreuchdail no airson adhartas gu tuilleadh ionnsachaidh.

Duaisean Adhartais Nàiseanta (NPA)

Tha NPA deilbhte airson seat sgilean mìnichte agus eòlas ann an raointean dreuchdail speisealta a mheasadh. Tha iad air an cleachdadh sa mhòr-chuid le colaistean airson cùrsaichean ionnsachaidh goirid.

Tha Duaisean Adhartais Nàiseanta co-cheangailte ri Inbhean Dreuchdail Nàiseanta agus tha iad a' suidhe air ìrean 2-6 SCQF.

Teisteanasan Nàiseanta (NC)

'S ann air daoine 16-18 agus inbhich ann am foghlam làn-ùine, sa chumantas ann an colaiste, a tha Teisteanasan Nàiseanta ag amas.

Tha iad ag ullachadh thagraichean airson cosnadh no tuilleadh ionnsachaidh le bhith a' leasachadh raon eòlais is sgilean. Tha amasan sònraichte aig Teisteanasan Nàiseanta, a tha a' buntainn ri raointean cosnaidh agus a tha co-cheangailte ri Inbhean Cosnaidh Nàiseanta. Tha iad suidhichte aig ìrean 2-6 SCQF.

Àrd Theisteanasan Nàiseanta agus Àrd Dhioplòma Nàiseanta (HNC is HND)

Air an toirt a-steach ann am meadhan nan 1920an, tha HNC and HND air a bhith nan teisteanasan cliùiteach airson còrr air 80 bliadhna. Tha iad a' tabhann nan sgilean is an eòlais a tha riatanach airson trèanadh a dh'ionnsaigh cosnaidh aig meadhan ìre stiùiridh agus ìre theicnigeach.

Tha iad air an dèanamh suas le Àrd Aonadan Nàiseanta agus tha iad a' còmhdach raon farsaing de dhreuchdan. Tha mòran de HND a' ceadachadh intrigeadh gun dara no an treas bliadhna de chùrsaichean ceum. Tha HNC aig ìre 7 SCQF; HND aig ìre 8.

Teisteanasan Dreuchdail na h-Alba (SVQ)

Tha SVQ stèidhichte air comas obrach, agus tha iad a' toirt aithne do na sgilean is an eòlas a tha riatanach do dhaoine ann an cosnadh. Gheibhear teisteanasan SVQ sa mhòr-chuid de dh'obraichean agus tha iad rim faighinn airson a h-uile seòrsa is ìre obrach, a' gabhail a-steach gnìomhaichean, luchd-ciùird, teicneòlaichean is stiùirichean.

Tha iad gu h-àraidh air an toirt dha tagraichean a tha ann an cosnadh làn-ùine agus san àit'-obrach agus gheibhear iad aig ìrean 4–12 SCQF.

Duaisean Leasachaidh Proifeiseanta (PDAs)

Mar as trice 's e teisteanasan dha daoine a tha ann an dreuchd no an cosnadh, agus a tha ag iarraidh an sgilean a leudachadh no adhartachadh, a th' ann am PDA. Ann an cuid de shuidheachaidhean, tha iad deilbhte airson daoine a tha airson cosnadh fhaighinn.

Tha PDA gan suidhe san àit'-obrach no ann an colaiste. Tha PDA ann aig ìrean 6–12 SCQF.

Duaisean Gnàthaichte

Ged a tha SVQ, PDA agus na teisteanasan eile againn a' coinneachadh ri feumalachdan a' mhòr-chuid de bhuidhnean, tha sinn cuideachd a' tabhann teisteanasan dreuchdail a tha deilbhte gu sònraichte aig ìre sam bith airson coinneachadh ri feum buidhne air sgilean is ealantas.

Teisteanasan a tha a' cur ri luach

Sgilean Bunaiteach

Tha Sgilean Bunaiteach nam pàirt riatanach de mhòran de ar teisteanasan. 'S iad na còig sgilean air a bheil na h-uile a' cur feum, ge bith dè an seòrsa dòigh-beatha a th' aca, agus a bhios fastaichean a' lorg san fheadhainn a tha a' sireadh cosnadh. 'S iad:

- Conaltradh
- Àireamhachas
- Fuasgladh Cheistean
- Teicneòlas Fiosrachaidh
- Ag obair le Càch

Tha a h-uile neach a gheibh teisteanas SQA a' faighinn Cunntas Sgilean Bunaiteach, a' liostadh nan Sgilean Bunaiteach a choilean iad, na chois. Tha e a' nochdadh air duilleag cunntais Teisteanas Barrantais na h-Alba aca.

Gheibhear air Sgilean Bunaiteach a choileanadh ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte:

Sgilean Bunaiteach ann an Cùrsaichean Nàiseanta

Tha mòran de Sgilean Bunaiteach an lùib Aonadan Nàiseanta, a' ciallachadh, sa mhòr-chuid, nach eil adhbhar Sgilean Bunaiteach a theagaisg air leth. Tha iad air am buannachadh ann an coileanadh nan Aonadan, Cùrsaichean is Duaisean Buidhne.

Faodar Sgilean Bunaiteach coisrigte a ghabhail gus dèanamh an-àirde airson easbaidh sam bith ann an coileanadh Sgilean Bunaiteach. Tha iad sin rim faighinn aig ìrean 2 gu 6 SCQF.

Sgilean Bunaiteach ann an SVQ

Tha Sgilean Bunaiteach cuideachd nam pàirt den mhòr-chuid de SVQ. Tha iad gu sònraichte cudromach far a bheilear a' cleachdadh SVQ mar phàirt de sgeama sgilean urrasaichte leis an riaghaltas, leithid Nua-Phreantasachd.

Tha cuideachd Aonadan ann le Sgilean Bunaiteach Measaichte san Àit-Obrach dha na Duaisean Buidhne is na sgeamaichean trèanaidh sin dha bheil iad riatanach.

Sgilean Bunaiteach ann an NC, HNC agus HND

Ann an Teisteanasan Nàiseanta, HNC agus HND, thèid na còig Sgilean Bunaiteach a leasachadh sa chumantas. Faodaidh iad a bhith an lùib Aonadan caran san aon dòigh 's a bheil iad ann an Aonadan Nàiseanta, air neo gheibhear air an coileanadh le bhith a' dèanamh Aonadan coisrichte Sgilean Bunaiteach.

Air an làimh eile, faodaidh iad a bhith ‘comharraichte’, a’ ciallachadh gu bheil cothroman ann na Sgìlean Bunaiteach a leasachadh ann an cùrsa HNC no HND ach gun measadh foirmeil.

Nochdaidh Sgìlean Bunaiteach a tha an lùib, no air an coileanadh tro Aonadan coisrigte Sgìlean Bunaiteach, air Teisteanas Barrantais na h-Alba an tagraiche. Thèid Sgìlean Bunaiteach comharraichte a choileanadh gun nochdadh air an teisteanas.

Teisteanasan

Tha sinn a’ cur a-mach dà sheòrsa teisteanais:

- **Teisteanas Barrantais na h-Alba (SQC)**

Seo an teisteanas a gheibh na tagraichean agus tha sinn a’ cur a-mach còrr air 360,000 gach bliadhna. Tha SQC a’ liostadh nan Aonadan, Cùrsaichean agus Duaisean Buidhne a th’ air an coileanadh, agus tha seo air ùrachadh gach uair a choileanas neach teisteanas ùr. Gheibhear làn chlàr coileanaidh le iarrtas. Tha duilleag cunntais aig SQC cuideachd a’ mìneachadh Sgìlean Bunaiteach is cunntasan SCQF.

- **Teisteanasan Cuimhneachail**

Tha na teisteanasan sin gan cur gu tagraichean a tha a’ coileanadh Duais Buidhne.

Tha seirbheis-lìn ùr thèarainte nan Toraidhean Air-loidhne a’ ciallachadh nach fheum tagraichean feitheamh ris a’ phost le bhith a’ toirt cothrom toraidhean fhaighinn air làrach-lìn SQA.

Seirbheisean is Taic Eile

Tha SQA a' tabhann raon sheirbheisean is taic, a tha a' tighinn bhon ealantas againn ann a bhith a' leasachadh is a' cumail suas siostam cunbhalach theisteanasan.

Dearbhadh càileachd

Tha sinn a' fìreanachadh càileachd ar teisteanasan le bhith a' dearbhadh nan co-dhùnidhean measaidh a tha tidsearan is òraidichean a' dèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri inbhean nàiseanta.

Tha sgioba de às-dhearbhadairean a' dèanamh sgrùdadh cunbhalach air eisimpleir de mheasaidhean a th' air an dèanamh ann an sgoiltean, colaistean agus ann an ionadan eile. A rèir nàdar na thathas a' measadh, gabhaidh seo a dhèanamh tron phost no le bhith a' tadhal air an sgoil no a' cholaiste.

Leasachadh Leantainneach Proifeiseanta

Tha dealas air SQA airson àrd chàileachd CPD a libhrigeadh, gus cuideachadh le bhith ag àrdachadh tuigse mu ar teisteanasan, measaidhean is modhan, agus airson eòlas luchd proifeiseanta is luchd-ionnsachaidh a leasachadh. Tha CPD SQA a' gabhail a-steach: Prògram Leasachaidh Bliadhnail air raon farsaing de chuspairean NQ is Dearbhadh Càileachd; trèanadh in-sheirbheis gnàthasaichte; an làrach-lìn, Understanding Standards, againn do luchd-dreuchd foghlaim; agus Acadamaidh SQA, a tha a' libhrigeadh raon de ghoireasan ionnsachaidh airson cleachdadh proifeiseanta àrdachadh.

Làrach-lìn is gnìomhachas-d eile

Tha beairteas de stuthan taice air-loidhne aig www.sqa.org.uk. Tha pàirtean tèarainte den làraich-lìn a' toirt cothrom air stuthan measaidh thidsearan, a' gabhail a-steach stiùireadh eadar-ghnìomhach air comharrachadh Theisteanasan Nàiseanta, agus banca tomadach de Mheasaidhean Nàiseanta a dh'fhaodas a bhith air a chleachdadh airson Aonadan a mheasadh.

Tha sinn cuideachd a' tabhann dhòighean anns am faod sgoiltean, colaistean is buidhnean eile a bhios a' cleachdadh ar teisteanasan, eadar-ghnìomhachadh a dhèanamh rinn gu h-eileactronaigeach. A' cleachdadh siostaman coimpiutaireachd, faodaidh ar luchd-dèiligidh a-nis a' mhòr-chuid den rianachd a dhèanamh air-loidhne, rud a tha a' lùghdachadh na h-ùine is na h-obrach a tha na lùib.

Seirbheisean Eile

- Tha sinn a' stiùireadh dheuchainnean do ghrunn bhuidhnean Albannach, RA agus cèin, a' gabhail a-steach Seirbheis Poileas na h-Alba, Roinn na Còmhdhail (Comhairliche Sàbhailteachd Bathair Cunnartach agus Trèanadh Dhràibhear), agus Buidheann Cuantach is Mhaoir Chladaich.
- Tha Clàr Nàiseanta Obraichan Sràide air ar seilbh cuideachd.

- Tha Seirbheis Measaidh nan Duaisean Creideis againn a' tabhann cothrom do bhuidhnean an solarachd a shuidheachadh ann an (SCQF).
- Tha goireas ar Seirbheisean Rannsachaidh is Fiosrachaidh a' toirt seachad fiosrachadh, eòlas, brathan, mion-sgrùdadh staitistigeil agus rannsachadh bunaiteach airson taic a chur ri ar teisteanasan is ar seirbheisean. Tha mòran den obair seo ri fhaighinn air an làraich-lìn againn.
- Tha sgioba de dh'èolaich taice coisrigte dha luchd-dèiligidh a' toirt cuideachadh is taic dha buidhnean a tha a' cleachdadh ar teisteanasan, agus tha neach comharraichte dha SQA anns gach ionad. Tha sinn cuideachd a' toirt cuideachadh is taic dha tagraichean aig cuairt bhliadhnail dheuchainnean nan Teisteanasan Nàiseanta.

SQA Eadar-nàiseanta

Tha ceannas aig SQA Eadar-nàiseanta ann a bhith a' coinneachadh nan dùbhlàn a tha a' tighinn an cois cruinnealas fàsail foghlaim is trèanaidh. Tha sinn dealasach airson cuideachadh le leasachadh foghlaim, trèanaidh is measaidh air feadh an t-saoghail le bhith a' roinn ar comasan is ar n-ealantais.

Tha sinn a' strì ri seo a choileanadh tro prìomh raointean:

- slatan-tomhais is tuigse eadar-nàiseanta
- foghlam is trèanadh Albannach àrdachadh air feadh an t-saoghail
- taic a thoirt do leasachadh foghlaim is trèanaidh air feadh an t-saoghail

Tha na seirbheisean a tha sinn a' tabhann a' gabhail a-steach:

- co-chomhairleachadh eadar-nàiseanta
- duaiseachadh eadar-nàiseanta
- tursan sgrùdaidh is ionnsachaidh – a' roinn is ag ionnsachadh tro fèin-fhiosrachadh

Thathas a' tabhann teisteanasan SQA ann an dùthchannan is am buidhnean san Roinn Eòrpa, ann an Astralàisia, an Afraga fo-thropaigeach, san Ear Mheadhanach, agus tha an liosta seo a' fàs.

Fiosrachadh mu SQA

Tha Bòrd Stiùiridh is Àrd Sgioba Stiùiridh a' ruith SQA. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur buill a' Bhùird ann an dreuchd agus tha iad a' tighinn bho chaochladh dhiofar ionadan foghlaim is malairt Albannach. Tha sinn cunntachail do Riaghaltas na h-Alba agus do Phrìomh Mhinistear na h-Alba.

Tha timcheall air 650 neach-obrach proifeiseanta is rianachd againn ag obair à oifisean ann am meadhan baile Ghlaschu is ann an Dail Cheith, faisg air Dùn Èideann. Tha sinn fèin-mhaoineachail, le ar teachd-a-steach a' tighinn bho reic ar teisteanasan is ar seirbheisean.

A thuilleadh air ar luchd-obrach oifis is làraich, tha còrr air 15,000 proifeiseantach teagaisg a' cuideachadh le rianachd is lìbhrigeadh ar measaidhean, dearbhadh càileachd agus gnìomhan leasachaidh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh

Bidh ar Sgioba Dàimh Luchd-ceannachd is Margaidheachd toilichte tuilleadh fiosrachadh a thoirt seachad mu thaobh sam bith de ar solarachd is seirbheisean. Cuiribh fios gu:

Fòn 0845 279 1000
Post-d customer@sqa.org.uk
Làrach-lìn www.sqa.org.uk
Post Customer Relations and Marketing
 SQA
 Togalach Optima
 58 Sràid MhicDhonnchaidh
 Glaschu
 G2 8DQ

FD3808 Ògmhios 2007